

## FIOS OIFIGEIL

### An 5<sup>m</sup> coinneamh Ministireil den raon-obrach airson Cànain Dùthchasach, Mion-chànain agus Cànain air Bheag-chleachdadh (IML) 21/22 Samhainn 2019

An-diugh bha an còigeamh coinneamh Ministireil ann den raon-obrach airson Cànain Dùthchasach, Mion-chànain agus Cànain air Bheag-chleachdadh aig Comhairle Bhreatainn is Èirinn, fo aoigheachd Riaghaltas Eilean Mhanainn.

Chaidh Comhairle Bhreatainn is Èirinn a stèidheachadh ann an 1999, mar fhòram airson deasbad agus co-bheachdachadh eadar na buill airson aonta a ruighinn a thaobh cùisean a tha ann an comas gach buidheann-riaghlaidh. Tha raon-obrach nan Cànain IML air a stiùireadh le Riaghaltas na Cuimridh, agus tha e air a bhith cuideachail airson co-roinn fhianais agus co-obrachadh practaigeach bhon a chaidh a stèidheachadh. Bha trì prìomh chuspairean aig a' choinneamh an-dè: Luchd-ionnsachaidh Inbheach de chànain IML; Planadh Luchd-obrach; agus cleachdadh sòisealta de chànain IML, a' gabhail a-steach na h-ealain agus teicneòlas didseatach.

Sa chathair aig a' choinneamh bha Eluned Morgan AM, Ministear airson Dàimh Eadar-nàiseanta agus na Cuimris aig Riaghaltas na Cuimridh. Bha Riaghaltas Eilean Mhanainn air a riochdachadh le Graham Cregeen MHK, Ministear airson Foghlam, Spòrs agus Cultar. Bha Riaghaltas na h-Èirinn air a riochdachadh le Seán Kyne TD, Àrd-chuip an Riaghaltais agus Ministear na Stàite le dleastanas airson Gaeilge, a' Ghaeltacht agus nan Eilean. Bha Riaghaltas na h-Alba air a riochdachadh le Ceit Fhoirbeis BPA, Ministear airson Ionmhas Poblach agus na h-Eaconomaidh Didseatach. Bha Riaghaltas Deàrsaidh air a riochdachadh le Riochdaire Montfort Tadier, Leas-mhinistear airson Leasachadh Eaconomach, Turasachd, Spòrs agus Cultar. Bha Riaghaltas Gheàrnsaidh air a riochdachadh le Riochdaire Rhian Tooley, Ball den Chomataidh airson Foghlam, Spòrs agus Cultar.

### Co-labhairt agus Aithisg IML 2018

Bheachdaich Ministearan air an aithisg a thàinig bhon cho-labhairt 'Luchd-ionnsachaidh Inbheach de Chànain IML' a chaidh a chumail air 8/9 Màrt ann am Beul Feirste. Bha prìomh fòcas na co-labhairt air ionnsachadh inbheach de chànain IML agus ceanglaichean eadar coimhearsnachd, àite-obrach agus comann sòisealta nas fharsainge thairis air na trì cuspairean a th' aig an raon-obrach. Gu h-àraid, thog òraidichean air cùisean mar ionnsachadh cànain taobh a-muigh an t-seòmair-teagaisg, agus an dreuchd aig cànain a bhith a' cruthachadh co-thàthadh coimhearsnachd. Bha mu 75 riochdairean agus òraidichean an làthair bho na h-ochd buidhnean-riaghlaidh BIC, a' riochdachadh roinn-tarsainn air raointean coimhearsnachd agus poblach a bharrachd air an raon acadaimigeach.

Dh'aontaich Ministearan an aithisg fhoillseachadh gu poblach airson fiosrachadh. Faodar an aithisg fhaicinn ann an earrann nan aithisgean air làrach-lìn Comhairle Bhreatainn agus Èirinn: [www.britishirishcouncil.org](http://www.britishirishcouncil.org).

## **Taisbeanadh bho Jeebin**

Chunnaic Ministearan cuideachd taisbeanadh bho Phil Gawn às leth Jeebin, Lìonra Gàidhlig Mhanainn. Thug an taisbeanadh iomradh air eachdraidh Gàidhlig Mhanainn agus chomharraich obair a tha air a bith an sàs san ath-bheòthachadh aibheiseach.

## **Bliadhna Eadar-nàiseanta nan Cànan Dùthchasach UNESCO, 2019**

Ghairm UNESCO 2019 mar Bhlìadhna Eadar-nàiseanta nan Cànan Dùthchasach (IY2019) “airson aire a thogail mu dheidhinn ar cànan, chan ann a-mhàin airson na daoine a tha a’ bruidhinn nan cànan seo a chuideachadh, ach airson gun urrainn dha càch aithneachadh an luach cudromach a tha iad a’ cur ri iomadachd cultarail an t-saoghail”. Chaidh aithneachadh gur e pàirt cudromach de dhleastanasan an raon-obrach IML gu bheil iad a’ toirt seachad na cleachdaidhean as fheàrr, airson ionnsachadh bho chèile, agus airson na diofar chànan eadar-dhealaichte a chomharrachadh a tha air am bruidhinn air na h-eileanan seo. Dh’aithnich Ministearan iomadh tachartas a bh’ aig buidhnean-riaghlaidh mar phàirt den iomairt seo, agus tha e air a bhith mar bhun-stèidh airson barrachd adhartais ann an taic airson cànan IML san àm ri teachd.

### **Obair san àm ri teachd**

Dh’aontaich Ministearan gun tèid an t-siathamh coinneamh Ministireil a chumail ann an Deàrrsaidh. A bharrachd air na dleastanasan gu h-àrd, bheachdaich Ministearan air molaidhean airson prògram-obrach an raon-obrach IML a’ dol air adhart. Ag aithneachadh gur e prìomhachas a th’ ann taic a chuir ri cleachdadh cànan IML ann an suidheachaidhean sòisealta, dh’aontaich iad gum bu chòir cleachdadh cànan IML a bhith mar chuspair stèidhichte airson fòcas an raoin-obrach. Dh’aontaich iad gum bu chòir fòcas cuideachd a bhith air:

- Cleachdadh sòisealta cànan (cuspair stèidhichte);
- Tràth-bhlìadhnaichean; agus,
- Bun-structar / Teicneòlas/Buaidh Eaconomach

Dh’aontaich Ministearan gun robh na raointean poileasaidh seo gu math inntinneach agus airidh air beachdachadh, agus mhol iad seo mar bhunait airson raon-obrach ùr san àm ri teachd, ma thèid aontachadh leis a’ Chomhairle aig an ath Àrd-choinneamh. Nuair a thèid aontachadh gu foirmeil leis a’ Chomhairle, thèid cunntas a thoirt seachad air adhartas aig an ath choinneamh de Mhinistearan IML.

**Rùnaireachd Comhairle Bhreatainn agus Èirinn**

**22 Samhainn 2019**

[www.britishirishcouncil.org](http://www.britishirishcouncil.org)

**COMHAIRLE BHREATAINN AGUS ÈIRINN  
RAON-OBACH CÀNAIN IML**

**Riaghaltas na Cuimridh**

Eluned Morgan AM, Ministear airson Dàimh Eadar-nàiseanta agus na Cuimris

**Riaghaltas Eilean Mhanainn**

Graham Cregeen MHK, Ministear airson Foghlam, Spòrs agus Cultar

**Riaghaltas na h-Alba**

Ceit Fhoirbeis BPA, Ministear airson Ionmhas Poblach agus na h-Eaconomaidh Didseatach

**Riaghaltas Gheàrnasaidh**

Riochdaire Rhian Tooley, Ball den Chomataidh airson Foghlam, Spòrs agus Cultar

**Riaghaltas Dheàrrsaidh**

Riochdaire Montfort Tadier, Leas-mhinistear airson Leasachadh Eaconomach, Turasachd, Spòrs agus Cultar

**Riaghaltas na h-Èirinn**

Seán Kyne TD, Àrd-chuip an Riaghaltais agus Ministear na Stàite airson Gaeilge, a' Ghaeltacht agus na h-Eileanan.